

<p style="text-align: center;"><b>Co-chomhairle Prògram Teagaisg Foghlam Adhartach Oilthigh Shrath Chluaidh Freagairt le Bòrd na Gàidhlig 16 Cèitean 2022</b></p>	<p style="text-align: center;"><b>Consultation University of Strathclyde Further Education Teaching Programme Response by Bòrd na Gàidhlig 16 May 2022</b></p>
<p><b>CONSULTATION QUESTIONS</b></p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. <i>Do you consider that the TQFE programme as detailed in this consultation is suitable in relation to:</i> <ol style="list-style-type: none"> <li>a. <i>admission;</i></li> <li>b. <i>content, nature and duration;</i></li> <li>c. <i>assessment of the programme; and</i></li> <li>d. <i>the functions of the governing bodies, principals and members of staff of institutions providing those courses?</i></li> </ol> </li> <li>2. <i>Do you consider the University of Strathclyde to be an appropriate provider of the TQFE programme described?</i></li> <li>3. <i>Do you have any further comments that you consider to be relevant to the Scottish Ministers' determination?</i></li> </ol> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. Tha, tha sinn ag aontachadh ris a' phrògram san fharsaingeachd agus tha sinn air beachdan a bharrachd a chur ann an Earrainn 3 den fhreagairt againn.</li> <li>2. Tha, tha sinn ag aontachadh gu bheil Oilthigh Shrath Chluaidh na sholaraidhe iomchaidh.</li> <li>3. Beachdan san fharsaingeachd</li> </ol> <p>Tha sinn gu mòr a' cur fàilte air dealas Oilthigh Shrath Chluaidh a thaobh a bhith a' libhrigeadh</p>	<p><b>CONSULTATION QUESTIONS</b></p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. Do you consider that the TQFE programme as detailed in this consultation is suitable in relation to: <ol style="list-style-type: none"> <li>a. admission;</li> <li>b. content, nature and duration;</li> <li>c. assessment of the programme; and</li> <li>d. the functions of the governing bodies, principals and members of staff of institutions providing those courses?</li> </ol> </li> <li>2. Do you consider the University of Strathclyde to be an appropriate provider of the TQFE programme described?</li> <li>3. Do you have any further comments that you consider to be relevant to the Scottish Ministers' determination?</li> </ol> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. Yes we agree with the overall programme with additional comments in Section 3 of our response.</li> <li>2. Yes we agree the University of Strathclyde is an appropriate provider.</li> <li>3. General Comments</li> </ol> <p>We welcome very much the stated commitment of the University of Strathclyde</p>

foghlam a tha adhartach gu sòisealta agus sinn a' toirt fa-near gu sònraichte an ceathramh prionnsapal co-cheangailte ri ceartas sòisealta.

A bharrachd air sin tha sinn ag aontachadh ris a' bheachd air taobh-duilleig 7 nach urrainn "foghlam san fharsaingeachd... a bhith neo-phàirteach". Mar sin tha sinn a' moladh gun tèid am prògram a libhrigeadh ann an dòigh a dh'aithnicheas gum feumar coimhearsnachdan na Gàidhlig agus na Beurla a ghabhail a-steach.

Gus prògram a chruthachadh a dhèanadh cinnteach gu bheil prionnsapal ceartas sòisealta an sàs an dà chuid airson iar-cheumnaich agus for-cheumnaich aig a bheil Gàidhlig agus Beurla a thig a-steach dhan phrògram, mholamaid na h-atharrachaidhean a leanas air an dreachd sgrìobhainn co-chomhairleachaidh:

- i) Bu chòir aithris shoilleir a dhèanamh ann an Earrann Amasan a' Phrògram gu bheil am prògram fosgailte do thagraichean aig a bheil Gàidhlig agus tagraichean aig a bheil Beurla agus gum bi cothroman ann pàirt a ghabhail sa chùrsa an dà chuid tron Ghàidhlig agus/no tron Bheurla.
- ii) Mholamaid gun tèid Gàidhlig aithneachadh mar theisteanas airson inntreigeadh.
- iii) Ann an Earrann Dealbhadh a' Phrògram tha sinn a' moladh gum bi soilleireachd ann gun tèid slighe a tha a' gabhail a-steach libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig a chomharrachadh. A bharrachd air sin bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air susbaint nan 3 modalan gus iomradh a thoirt air libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh modal a bharrachd air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar phàirt de shlighe na Gàidhlig. Bu chòir cuideachd a dhearbhadh gun gabh Eòlasan

to the delivery of socially progressive education and note in particular the fourth principle relating to social justice.

In addition we agree with the comment on page 7 that "education in general....can never be neutral". Consequently we recommend that the programme is delivered in a way which recognises the need to include Gaelic-speaking and English-speaking communities.

In order to create a programme which would ensure that the principle of social justice applies to both Gaelic-speaking and English-speaking graduate and postgraduate entrants to the programme, we would propose the following amendments to the draft consultation document:

- i) A clear statement should be made in the Aims of the Programme Section that the programme is open to Gaelic-speaking and English-speaking applicants and that there will be opportunities to participate in the course through both Gaelic and/or English.
- ii) We recommend that Gàidhlig is recognised as a contributing qualification for entry.
- iii) In the Programme Design Section we recommend that there is clarity that a pathway which includes delivery through the medium of Gaelic is identified. In addition the content of the 3 modules should be reviewed to include opportunities to include references to Gaelic-language delivery. This may entail creating an additional module on Gaelic Medium Education as part of the Gaelic-language pathway. It should also be established that Learning Experiences can be



<p>Ionnsachaidh a libhrigeadh tron Ghàidhlig agus/no tron Bheurla.</p> <p>iv) Anns an earrainn Modh Teagaisg bu chòir barrachd iomraidhean sònraichte a bhith ann a tha a' mìneachadh nan cothroman a bhios rim faighinn tro shlighe na Gàidhlig.</p> <p>v) Bu chòir meantoradh a bhith ri fhaighinn tron Ghàidhlig.</p> <p>vi) Bu chòir dhan earrainn Dòigh-obrach Measaidh innse gu soilleir gum faodar measadh a dhèanamh a' cleachdadh fianais ann an Gàidhlig no Beurla agus gum bi cùisean leithid co-theacs an àite-obrach no dealbhadh gnìomhan le luach a' gabhail a-steach fianais a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ri co-theacsan Gàidhlig no Beurla.</p> <p>vii) Bu chòir a ràdh gum faodar na gnìomhan measaidh a libhrigeadh ann an Gàidhlig no Beurla m.e. an sgrùdadh cùise agus an deuchainn labhairteach.</p> <p>viii) Bu chòir dhan Oilthigh barrachd cnuasachaidh a dhèanamh air adhartas a chur an comas tro mheadhan na Gàidhlig agus plana gnìomh a dhealbhadh gus an tèid fianais a gheibhear sa Ghàidhlig a chleachdadh a dh'ionnsaigh ìrean Leas-chomhaltachd agus Comhaltachd mar eisimpleir.</p> <p>Bhiodh Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig toilichte comhairle phroifeiseanta a bharrachd a thoirt seachad.</p> <p>Airson barrachd taic is comhairle phroifeiseanta, cuir fios dhan bhòrd aig <a href="mailto:oifis@gaidhlig.scot">oifis@gaidhlig.scot</a> sa chiad dol a-mach.</p>	<p>delivered through Gaelic and/or English.</p> <p>iv) In the Teaching Approach section further specific references should be provided which outline the opportunities that will be available through a Gaelic language pathway.</p> <p>v) Mentoring should be available through Gaelic.</p> <p>vi) The Assessment Approach section should explicitly state that assessment can take place using evidence in Gaelic or English and that issues such as the workplace context or the design of tasks of value will include potentially, evidence relating to Gaelic or English language contexts.</p> <p>vii) It should be stated that the assessment tasks can be delivered in Gaelic or English e.g. the case study and oral examination.</p> <p>viii) Further reflection should be undertaken by the University on establishing progression through the medium of Gaelic and an action plan devised so that evidence acquired in Gaelic can be used towards the Associate Fellowship and Fellowship levels, for example.</p> <p>The Bòrd na Gàidhlig Education Team will be happy to provide additional professional advice.</p> <p>For further professional support and advice, please contact the Bòrd at <a href="mailto:oifis@gaidhlig.scot">oifis@gaidhlig.scot</a> in the first instance.</p>
---	---

